

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## RÙNAIRE FOGHLAIM A’ TADHAL AIR COLAISDE A’ CHAISTEIL

**04 An Lùnastal 2009**

Tha Colaisde a’ Chaisteil air ceann oidhirpean airson cànan, eòlas cumhachd agus cliù ann an rannsachadh ann an Alba a leasachadh ’s a bhrosnachadh, thuirt Fiona Hyslop, Rùnaire a’ Chaibineit airson Foghlaim agus Ionnsachaidh Fhad-beatha, an-diugh.

Bha Rùnaire a’ Chaibineit a’ tadhal air a’ cholaiste airson coinneachadh ri oileanaich Gàidhlig a tha ag ionnsachadh aig sgoil-shamhraidh Ghàidhlig na colaiste. Tha a’ cholaiste air an t-slighe a sheòladh gu dòigh-theagaisg bhogaidh ùr – an dòigh ÙLPAN – ’agus ’s ann a tha i gu math soirbheachail.

Ghabh Rùnaire a’ Chaibineit an cothrom airson Obair-lann Cumhachd Ath-nuadhachail na colaiste fhaicinn agus cuideachd an Obair-lann àraid Rannsachadh Cumhachd Samhla-sùla agus Samhlachaidh aig Greenspace.

Tha Obair-lann Cumhachd Ath-nuadhachail a’ cumail taic ri siostam mion-chlèith na colaiste fhèin agus ri innleachdan pumpa-teas, grèine agus gaoithe – a’ solar goireas sgrùdaidh a tha a’ tarraing oileanaich bho oilthighean eile air feadh na h-Alba. Aig an àm cheudna, tha Obair-lann Rannsachadh Cumhachd Samhla-sùla agus Samhlachaidh a’ cuideachadh airson an tuilleadh leasachaidh a thoirt air ceanglaichean foghlaim is rannsachaidh na h-Alba – le bhith a’ toirt seachad taic rannsachaidh àireamhachail agus co-obrachadh fad-às do leasachaidhean.

Thuirt Rùnaire a’ Chaibineit:

“Bhon a tha 60,000 luchd-labhairt Gàidhlig an Alba – agus cha mhòr 6,000 dhiubh ann an Glaschu - ’s e cànan nàiseanta a th’ anns a’ Ghàidhlig ann an dà-rìreabh. Ged-thà, ’s gann gu bheil i ri fàs is sgairt oirre mar bu chòir bho chionn beagan bhliadhnaichean. Tha sgoil-shamhraidh Ghàidhlig Colaisde a’ Chaisteil na dearbh sheòrsa goireis a dh’fheumas sinn airson ginealaich ùr de luchd-labhairt Gàidhlig a bhrosnachadh.

“An-dè bha mi toilichte planaichean Riaghaltas na h-Alba air ath-bheòthachadh ionnsachadh ’s cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba fhoillseachadh. Thathas a’ cur fàilte air an dealas shoilleir a th’ air Colaisde a’ Chaisteil airson na Gàidhlig, agus airson dualchais agus cultair nan eileanan oir, cuiridh e ris an oidhirp sin agus cuidichidh e ann a bhith a’ brosnachadh bhudhan sònraichte na h-Alba ’s a’ leigeil leatha soirbheachadh san àm ri teachd.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



“S iad ar n-eòlas agus ar miann adhartais ann an cumhachd ath-nuadhachail a th’ anns na buannachdan àraid eile a th’ againn an Alba. A-rithist, tha Colaisde a’ Chaisteil air i fhèin a suidheachadh air ceann ar n –iomairt gus cothrom a ghabhail air ar buadhan. Tha na goireasan leasachaidh is rannsachaidh a tha rim faotainn an seo nam pàirt riatanach den mhiann aig Alba a bhith na h-àite as fheàrr san Roinn-Eòrpa airson cumhachd uaine.

“Le bhith a’ sònrachadh Steòrnabhagh na ionad shàr-mhathas ath-nuadhachail, agus a’ toirt dha a’ bhun-structair ionnsachaidh a tha deatamach do shoirbheachas, tha Colaisde a’ Chaisteil a’ gabhail àite bunaiteach ann am fàs fad-ùine agus seasmhachd na Gàidhealtachd ’s nan Eilean. Tha mi air leth toilichte gun d’ fhuair mi an cothrom tadhail ann agus tha mi a’ cur meala-naidheachd air an fheadhainn uile a bha an sàs ann.”

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## EDUCATION SECRETARY VISITS LEWS CASTLE COLLEGE

**04 August 2009**

Lews Castle College is at the forefront of efforts to promote and develop Scotland's language, energy expertise and reputation for research Cabinet Secretary for Education and Lifelong Learning, Fiona Hyslop, said today.

The Cabinet Secretary was visiting the college to meet Gaelic language students studying at the college's Gaelic summer school. The College has pioneered a new immersion method of teaching – the ULPAN method – which is proving very successful.

The Cabinet Secretary also took the opportunity to tour the college's Renewable Energy Laboratory and the unique Greenspace Research Energy Visualisation and Simulation Laboratory.

The Renewable Energy Laboratory is supporting the college's own mini-grid system and wind, solar and heat pump devices – providing a study tool that attracts students from other universities across Scotland. Meanwhile the Research Energy Visualisation and Simulation Laboratory is helping to further develop Scotland's research and educational links – by providing computational research support and remote collaboration for developments.

The Cabinet Secretary said:

“With 60,000 Gaelic speakers in Scotland - including almost 6,000 in Glasgow - Gaelic really is a truly national language. However, in recent years it has not enjoyed the growth and vigour that it should. Lews Castle College's Gaelic summer school is exactly the sort of resource we need to help inspire a new generation of Gaelic speakers.

“Yesterday I was pleased to announce the Scottish Government's plans to reinvigorate the learning and use of Gaelic language in Scotland. Lews Castle College's clear commitment to Gaelic language, and to the heritage and culture of the islands, are a welcome contribution to that effort and will help promote Scotland's unique assets and allow them to thrive in the future.

“Among the other unique advantages that Scotland enjoys are our expertise and ambition in renewable energy. Again Lews Castle College has positioned itself at the forefront of our drive to capitalise on our assets. The research and development resources available here are a vital part of Scotland's ambition to become the green energy capital of Europe.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



“By making Stornoway a centre of renewable excellence, and providing the learning infrastructure that is crucial for success, Lew Castle College is playing a fundamental role in the long term growth and sustainability of the Highlands and Islands. I am delighted to have had the opportunity to visit and congratulate all those involved.”